



Tràth-bheatha

Rugadh Marshall ann am Baile Bhòid, Bòd, air 20 An Giblean 1896. 'S e dotair a bha na h-athair agus bha ùidh mhòr aige ann **an eachdraidh nàdair**. Fhuair i foghlam aig Acadamaidh Bhaile Bhòid, ach ri linn droch shlàinte, bha i tric far na sgoile. Rè an àm sin, leugh i tòrr leabhraichean mu **chlach-eòlas**, **ainmh-eòlas** agus an obair aig Charles Darwin. Chuir i roimhe a bhith na h-**ainmh-eòlaiche** agus **cheumnaich** i bho Oilthigh Ghlaschu ann an 1919. Ann an 1922, fhuair i obair aig Stèisean Bith-eòlas na Mara ann am Port a' Mhuilinn, far an robh i ag obair an còrr de beatha.

Stèisean Bith-eòlas na Mara

Sgrùd i fhèin agus **an co-obraiche** aice, Andrew Orr, planctan agus **meanbh-bheathaichean** mara eile. Bha seo cudromach ann a bhith a' tuigsinn **sreathan-bìdh** na mara. Tro h-obair, tha luchd-saidheans a-nis a' tuigsinn tòrr a bharrachd mu **eag-shiostaman** na mara.



Agar

Aig àm an dàrna cogaidh, chaidh an t-eòlas agus na sgilean aig Marshall a chur gu feum airson taic a chumail ri slàinte muinntir Bhreatainn. Bha iomagain ann mu dheidhinn dìth agar. 'S e seòrsa de shlaman-milis th' ann an agar. Bidh e a' tighinn bho **fheamainn** agus bha e **deatamach** airson **cungaidhean** a dhèanamh agus a leasachadh. Bha obair Alexander Fleming air penisillean a leasachadh a' cleachdadh tòrr agar aig an àm seo. Ron chogadh, 's ann à lapan a bha e a' tighinn, ach ri linn a' chogaidh, bha feum ann agar a lorg an àiteigin eile.

A' cruinneachadh na feamad

Às dèidh tòrr **rannsachaidh**, dh'obraich Marshall agus Orr a-mach an seòrsa feamainn a dhèanadh agar, ach 's e an trioblaid a bh' aca gun robh e a' toirt cus ùine an fheamainn a chruinneachadh. Mar sin, dh'iarr iad taic bho dhaoine agus bho bhuidhnean anns na sgìrean far am biodh an fheamainn cheart a' fàs. Chuidich Cub Scouts, Girl Guides, fir taigh-sholais, buidhnean sgoile, agus fiù 's prìosanaich-cogaidh a bha **an grèim** air Eilean Mhanainn, le cruinneachadh na feamad. Fhuair a' chlann beagan airgead-pocaid airson na h-obair aca! Ged nach do chùim iad orra leis an seo às dèidh a' chogaidh, bha an obair air leth cudromach aig an àm.



Aithne

Thar nam bliadhnaichean, sgrìobh i còrr is 60 artaigil saidheansail agus **choisinn** i iomadh duais airson na h-obair aice. **Leig i seachad a dreuchd** ann an 1964 agus fhuair i duais OBE ann an 1966.

Bhàsaich i air 7 an Giblean 1977 ann am Port a' Mhuilinn. Ann an 2010, chaidh an togalach teagasig aig Comann Eòlas-mara na h-Alba ainmeachadh às a dèidh.

Ceistean

Ceistean Tuigse

1. Cuin agus càit an do rugadh Marshall?
2. Carson a bha i tric far na sgoile?
3. Dè an seòrsa leabhraichean a bha i a' leughadh fhad 's a bha i far na sgoile?
4. Càit an d' fhuair i obair ann an 1922?
5. Dè an obair a rinn Marshall agus Orr aig Stèisean Bith-eòlas na Mara?
6. Dè th' ann an agar?
7. Carson a bha iomagain ann mu dhìth agar?
8. Cò thug taic dhaibh le feamainn a chruinneachadh?
9. Dè an fheamainn a chaidh a chruinneachadh?
10. Cuin agus càit an do bhàsaich i?

Ceistean Smaoineachaidh

1. Saoil dè a' bhuidh a bh' aig a h-athair air an dreuchd a thagh Marshall?
2. Saoil a bheil e cudromach a bhith a' tuigsinn mu shreathan-bìdh na mara agus eag-shiostaman mara? Carson?
3. Saoil an do chòrd e ris a' chloinn a bhith a' cruinneachadh feamainn?
4. Saoil an robh buaidh aig obair Mharshall air obair Alexander Fleming?
5. A bheil thu a' smaoineachadh gun robh inntinn adhartach aig Marshall? Carson?
6. A bheil thu a' smaoineachadh gun tug obair Marshall buaidh air do bheatha fhèin?





Tràth-bheatha

Rugadh Marshall ann am Baile Bhòid, Bòd, air 20 An Giblean 1896. 'S e dotair a bha na h-athair agus bha ùidh mhòr aige ann a bhith ag ionnsachadh mu dheidhinn nàdar. Fhuair i foghlam aig Acadamaidh Bhaile Bhòid, ach **ri linn** droch shlàinte, bha i tric far na sgoile. Aig an àm sin, leugh i tòrr leabhraichean mu chlachan, beathaichean agus an obair aig Charles Darwin. Chuir i roimhe a bhith na h-**ainmh-eòlaiche** agus **cheumnaich** i bho Oilthigh Ghlaschu ann an 1919. Ann an 1922, fhuair i obair aig Stèisean Bith-eòlas na Mara ann am Port a' Mhuilinn, far an do dh'obraich i an còrr de beatha.

Stèisean Bith-eòlas na Mara

Sgrùd i fhèin agus **an co-obraiche** aice, Andrew Orr, planctan agus **meanbh-bheathaichean** mara eile. Air sgàth na h-obair aice, tha luchd-saidheans a-nis a' tuigsinn tòrr a bharrachd mu **eag-shiostaman** mara.




Agar



Aig àm an dàrna cogaidh, bha iomagain ann mu dheidhinn **dith** agar. 'S e seòrsa de shlaman-milis th' ann an agar a bhios a' tighinn bho **fheamainn**. Bha e **deatamach** airson **cungaidhean** a dhèanamh agus a leasachadh. Ron chogadh, 's ann à lapan a thàinig e, ach ri linn a' chogaidh bha feum air agar a lorg an àiteigin eile.

A' cruinneachadh na feamad

Às dèidh tòrr **rannsachaidh**, dh'obraich Marshall agus Orr a-mach an seòrsa feamainn a dhèanadh agar, ach thug e cus ùine an fheamainn cheart a chruinneachadh. Bha iad feumach airson taic seo a dhèanamh. Fhuair iad sin bho Cub Scouts, Girl Guides, buidhnean sgoile, agus fiù 's prìosanaich-cogaidh. Fhuair a' chlann beagan airgead-pocaid airson na h-obair aca! Ged nach do chùim iad orra leis an seo às dèidh a' chogaidh, bha an obair aice air leth cudromach aig an àm.



Aithne

Thar nam bliadhnaichean, sgrìobh i còrr is 60 artaigil saidheansail agus choisinn i iomadh duais airson na h-obair aice. **Leig i seachad a dreuchd** ann an 1964 agus fhuair i duais OBE ann an 1966.

Bhàsaich i air 7 an Giblean 1977 ann am Port a' Mhuilinn. Ann an 2010, chaidh an togalach teagasig aig Comann Eòlas-mara na h-Alba ainmeachadh às a dèidh.

Ceistean

Ceistean Tuigse

1. Cuin agus càit an do rugadh Marshall?
2. Carson a bha i tric far na sgoile?
3. Dè an seòrsa leabhraichean a bha i a' leughadh i fhad 's a bha i far na sgoile?
4. Càit an d' fhuair i obair ann an 1922?
5. Dè an obair a rinn Marshall agus Orr aig Stèisean Bith-eòlas na Mara?
6. Dè th' ann an agar?
7. Cò às a thàinig agar ron chogadh?
8. Cò thug taic dhaibh ann a bhith le bhith a' cruinneachadh na feamad?
9. Dè an seòrsa feamainn a bha iad a' cruinneachadh?
10. Cuin agus càit an do bhàsaich i?

Ceistean Smaoineachaidh

1. Saoil dè a' bhuidhe a bh' aig a h-athair air an dreuchd a thagh Marshall?
2. Saoil a bheil e cudromach a bhith a' tuigsinn mu eag-shiostaman na mara? Carson?
3. Saoil an do chòrd e ris a' chloinn a bhith a' cruinneachadh na feamad?
4. Saoil carson a chaidh an togalach teagaisg aig Comann Eòlas-mara na h-Alba ainmeachadh às a dèidh?
5. A bheil thu a' smaoinichadh gun robh inntinn adhartach aig Marshall? Carson?
6. A bheil thu a' smaoinichadh gun tug obair Marshall buaidh air do bheatha fhèin?





Tràth-bheatha

Rugadh Marshall ann am Baile Bhòid, Bòd, 20 An Giblean 1896. 'S e dotair a bha na h-athair. Nuair a bha i òg, bha i tric far na sgoile air sgàth droch shlàinte. Rè an àm sin, leugh i tòrr leabhraichean mu chlachan agus beathaichean. Bha i ag iarraidh a bhith na h-**ainmh-eòlaiche** agus chaidh i gu Oilthigh Glaschu ann an 1914 airson sin a dhèanamh. Ann an 1922, fhuair i obair aig an Stèisean Bith-eòlas Mara ann am Port a' Mhuilinn, far an robh i ag obair an còrr de beatha.

Stèisean Bith-eòlas na Mara

Sgrùd i fhèin agus **a' co-obraiche**, Andrew Orr, planctan agus **meanbh-bheathaichean** mara eile. Air sgàth na h-obair aice, tha luchd-saidheans a-nis a' tuigsinn tòrr a bharrachd mu **eag-shiostaman** mara.



Agar

Aig àm an dàrna cogaidh, bha iomagain ann mu dheidhinn **dìth** agar. 'S e seòrsa de shlaman-milis a bhios a' tighinn bho **fheamainn** a th' ann an agar agus bha e **deatamach** airson **cungaidhean** a dhèanamh. Ron chogadh, 's ann à lapan a bha e a' tighinn, ach ri linn a' chogaidh bha feum air agar a lorg an àiteigin eile.



A' cruinneachadh na feamad

Às dèidh tòrr **rannsachaidh**, dh'obraich Marshall agus Orr a-mach an seòrsa feamainn a dhèanadh agar ach bha e a' toirt cus ùine an fheamainn ceart a chruinneachadh. Bha iad feumach air taic airson seo a dhèanamh. Fhuair iad sin bho Cub Scouts, Girl Guides, buidhnean sgoile, agus fiù 's prìosanaich-cogaidh. Fhuair a' chlann beagan airgead-pocaid airson na h-obair aca! Ged nach do chùim iad orra leis an seo às dèidh a' chogaidh, bha an obair aice air leth cudromach aig an àm.



Aithne

Thar nam bliadhnaichean, sgrìobh i còrr is 60 **artaigil saidheansail** agus choisinn i iomadh duais airson na h-obair aice. **Leig i seachad a dreuchd** ann an 1964 agus fhuair i duais OBE ann an 1966.

Bhàsaich i air 7 an Giblean 1977 ann am Port a' Mhuilinn.

Ceistean

Ceistean Tuigse

1. Cuin agus càit an do rugadh Marshall?
2. Carson a bha i tric far na sgoile?
3. Dè an seòrsa leabhraichean a bha i a' leughadh i fhad 's a bha i far na sgoile?
4. Càit an d' fhuair i obair ann an 1922?
5. Dè an obair a rinn Marshall agus Orr aig Stèisean Bith-eòlas na Mara?
6. Dè th' ann an agar?
7. Cò às a thàinig agar ron chogadh?
8. Cò thug taic dhaibh le bhith a' cruinneachadh feamainn?
9. Dè an fheamainn a bha iad a' cruinneachadh?
10. Cuin agus càit an do bhàsaich i?

Ceistean Smaoineachaidh

1. Saoil a bheil e cudromach a bhith a' tuigsinn mu eag-shiostaman mara? Carson?
2. Saoil ciamar a bha Marshall a' faireachdainn nuair a dh'obraich i fhèin agus Orr a-mach dè an fheamainn a dhèanadh agar?
3. A bheil thu a' smaoineachadh gun robh inntinn adhartach aig Marshall? Carson?
4. Saoil an do chòrd e ris a' chloinn a bhith a' cruinneachadh feamainn?
5. A bheil thu a' smaoineachadh gun tug obair Marshall buaidh air do bheatha fhèin?

